They	speed, some	in	joy,	Some	weep	-	ing.

Clann bheaga ri gàir,
A' mhàthair fo phràimh :
Fir mhòr' ann an sàs,
'S iad ciùrrte.
Fras-shileadh nan deur,
Gu tosdach, ach geur :
A' sealltuinn 'n an dèigh,
Le cùram.

Iad féin dol an iar,
'S an talamh dol siar ;
Cha 'n fhaicear leo sian
Ach Mùirneag !
Seall ! Mùirneag dol uap'
I dol fodha 's a' chuan ;
Fir is mnài gun tuar,
'G a h-ionndrain.

See, childhood's glad eye
But list, woman's sigh !
Ev'n manhood's stout heart
Is breaking.
Hot streaming tears flow,
Now silent, in woe,
They're looking behind
In sorrow.

Still sailing on west,
From the land they love best,
They gaze upon naught
But Mùirneag !
See Mùirneag depart !
Dear hill of their heart,
Now lost to their view,
For ever !

Gaelic words by Rev. Mr M'Rae, Lewis ; English by J. G.

MOLADH NA LANDAIDH.

THE PRAISE OF ISLAY.

Key C.



Chorus.



'S ged tha 'n Landaidh creagach, ciar,
'S moch a dh' eireas oirre 'ghrian ;
Innis nam ba-laoigh 's nam fiadh,
'S gu 'm b'e mo mhiann bhi thall ann.
Ho ro, &c.

'S tric a leag mi air a' bhruaich
Earba ghlas a' mhuineil ruaidh ;
Bhiodh an liath-chearc leam a nuas,
A's coileach ruadh an dranndainn.
Ho ro, &c.

O ! mo ghaol air lle 'n fheoir,
Far an d' fhuair mi m' arach og ;
Far am bheil na h-uaislean coir—
Bu toil leo ceol a's dannsadh.
Ho ro, &c.

There eagles rise on soaring wing,
And herons watch the gushing spring ;
And heath-cocks, with their whirring, bring
Their own delight to Islay.
Oh ! my Island, &c.

Though Islay's shore is rocky, drear,
Early doth the sun appear
On leafy brake and fallow deer,
And flocks and herds in Islay.
Oh ! my Island, &c.

O my Island ! O my Isle !
O my dear, my native soil !
From thee no scene my heart can wile
That's wed with love to Islay.
Oh ! my Island, &c.

Name of author unknown.

EILEAN AN FHRAOICH.

The Isle of the Heather.

Key B flat. *Boldly.*



An t-Eilean ro mhaiseach, gur pailt ann am biadh ;
'S e Eilean a's ailt' air 'n do dhealbraich a ghrian ;
'S e Eilean mo ghraidhs' e ; bha Ghailig ann riamh,
'S cha 'n fhaibh i gu brath as gu 'n traigh an Cuan Siar !

This dearest of isles is so fertile and fair
That no other island may with it compare ;
Here Gaelic was spoken in ages gone by,
And here it will live till the ocean runs dry.

'N am eiridh na greine air a shleibhtibh bi'dh ceo,
Bi'dh bhanarach ghuanach 's a bhuarach 'n a dorn
Ri gabhail a duanaig 's i 'g nallach nam bo,
'S mac-talla nan creag ri toirt freagairt d' a ceol.

At dawning of day, when there's mist on the hill,
The milk maids go skipping by fountain and rill,
When milking the cattle, they raise a sweet song,
And softly the echoes the chorus prolong.

Air feasgar an t-samhraidh bi'dh sunnt air gach sprèidh ;
Bi'dh chuthag is foun oirr' ri oran di fein ;
Bi'dh uiseag air lon agus smeorach air geig,
'S air cnuic ghlas' is lointean uain oga ri leum.

The notes of the cuckoo are welcomed in May,
And the blackbird sings blithe on the sweet-scented spray :
The lark and the mavis pour forth their sweet lay,
While the lambs in the meadows are sprightly at play.

Gach duine bha riamh ann bha ciatamh ac' dha,
Gach ainmhidh air sliabh ann cha 'n iarr as gu brath ;
Gach ian theid air sgiath ann bu mhiann leis ann tamh ;
'S bu mhiann le gach iasg a bhi cliathadh ri thraigh.

The man who is born in this isle of the main
Would not leave it for honour, for title, or gain,
The birds here that wander they leave it no more,
And the fish of the sea linger close by its shore.

Nam faighinn mo dhurachd 's e luiginn bhi og,
'S gun ghnothach aig aois rium fhad 's a dh' fhaodainn bhi beo ;
Bhi am bhuachaill air airidh fo shail nam beann mor
Far am faighinn an cais' 's balnne blath air son ol.

Could I get my wish, and be once more a boy,
I'd thither return and its pleasures enjoy,
A shepherd, to wander o'er heather-clad hills,
And drink a cool draught from its bright fountain rills.

Cha 'n fhacas air talamh leam sealladh a's boidhch'
Na ghrian a dol sios air taobh siar Eilean Leoghais ;
Crodh-laoigh anns an luachair, 's am buachaill' 'n an toir,
G' an tional gu airidh le al de laoigh og'.

There ne'er was a picture more lovely to see
Than the sun as he sinks in the blue western sea ;
When homeward the cattle are wending their way,
And all things are still at the close of the day.

Air feasgar a gheamhraidh theid tionndadh gu gnìomh
Ri toirt eolais do chlann bi'dh gach seann duine liath;
Gach iasgair le shnathaid ri caradh a lion,
Gach nighean ri caradh 's a mathair ri sniomh.

In the long winter evenings we sit by the fire,
And the children are taught by their hoary-hair'd sire,
A story is told as our fish nets we darn,
While the maidens, with distaff, are spinning the yarn.

B'e mo mhiann bhi's na badan 's 'na chleachd mi bhi og,
Ri direadh nan creag anns an neadaich na h-eoin ;
O'n thainig mi Ghlascho tha m' aigneadh fo bhron,
'S mi call mo chuid claistneachd le glagraich nan ord.

If I had my wish I would sail o'er the main,
And return to the Isle of the Heather again ;
Since coming to Glasgow I've always been sad,
And the clanging of hammers is driving me mad.

Words by M. Macleod, Govan ; translation by H. Whyte, Glasgow.

EALAIDH GHAOIL.

A Melody of Love.

Key D. *Lively.*

:d	.d	r	:r	.m	r	:m	.s	l	:s	.l	r				
Gur		gi	- le	mo	lean	- nan	na'n	eal'	air	an	t-snam				
Not the		swan	on	the	lake,	or	the	foam	on	the	shore				
Luinneag.—Air		fail	- lir	- in,	il	- lir	- in,	uil	- lir	- in,	o,				
Chorus.—Air		fal	- yer	- in,	eel	- yer	- in,	ool	- yer	- in,	o,				
:m	.f	s	:m	.r	d	:m	.f	s	:m	.r	d				
Na															
Can com	-	pare	with	the	charms	of	the	maid	I	a	- dore.				
Air		fail	- lir	- in,	il	- lir	- in,	uil	- lir	- in,	o,				
Air		fal	- yer	- in,	eel	- yer	- in,	ool	- yer	- in,	o.				
:d	.d	s	:s	.m	s	:s	.s	l	:d'	.d'	r'				
Na'm															
Not so		blath	- bhain	- ne	buai	- le,	's a	chuach	leis	fo	bharr,				
		white	is	the	new	milk	that	flows	o'er	the	pail,				
Air		fail	- lir	- in,	il	- lir	- in,	uil	- lir	- in,	o,				
Air		fal	- yer	- in,	eel	- yer	- in,	ool	- yer	- in,	o,				
											D. C. for Chorus.				
:l	.t	d'	:t	.l	s	:l	.d'	l,s	.—	:f	„m	r			
No															
Or the		sneachd	nan	gleann	dos	- rach	'g a	fhrois	- eadh	mu'n	bhlar.				
		snow	that	is	shower'd	from	the	brow	of	the	vale.				
Gu'r		boi	- dheach	an	co	- nunn	tha'n	comh	- nuidh	'n t-Srathmhoir.					
For		king	- dom,	and	friend	- ship,	and	bon	- nie	Strath	- more.				

Mar na neoil bhuidhe lubas
Air stuchdaibh nan sliabh,
Tha cas-fhalt mo ruin-sa
Gu siubhlach a sniomh ;
Tha gruaidh mar an ros
Nuair a's boidhche bhios fhiamh
Fo ur-dhealt a Cheitein
Mu'n eirich a ghrian.

Mar Bhenus a boisgeadh
Thar coilltibh nan ard,
Tha miog-shuil 'g am bhuaireadh
Le suaicheantas graidh.
Tha braighe nan seud
Ann an eideadh gach aigh,
Mar ghealach nan speur
'S i cur reultan fo phramh.

Bi'dh 'n uiseag 's an smeorach,
Feadh lointean an druchd,
Toirt failte le'n oran
Do'n og-mhaduinn chiuin ;
Ach bi'dh 'n uiseag neo-sheolta,
'S an smeorach gun sunnd,
Nuair a thoisicheas m' eudail
Air gleusadh a ciuil.

Nuair thig samhradh nan neoinean
A comhdach nam bruach,
Bi'dh gach eoinean 's a chrochd-choill'
A ceol leis a chuaich ;
'S bi'dh mise gu h-eibhinn
A leumnaich 's a ruaig,
Fo dhluth-gheugaibh sgaileach,
A mairan ri m' luaidh.

As the clouds yellow wreath
On the mountain's high brow,
So the locks of my fair one
Redundantly flow ;
Her cheeks have the tint
That the roses display
When they glitter with dew
In the morning of May.

Like the planet of Venus,
That gleams o'er the grove,
Her blue rolling eyes
Are the symbols of love.
Her pearl-circled bosom
Diffuses bright rays,
As the moon when the stars
Are bedimmed with her blaze.

The mavis and lark,
At the breaking of dawn,
Make a chorus of joy
To resound through the lawn ;
But the mavis is tuneless—
The lark strives in vain,
When my beautiful charmer
Renews her sweet strain.

When summer bespangles
The landscape with flowers,
And the thrush and the cuckoo
Sing soft in their bowers.
Through the wood-shaded windings
With Bella I'll rove,
And feast unrestrained
On the smiles of my love.

The chorus and the first verse of the Gaelic words are the composition of Mrs Mackenzie of Balone, while the rest of the Gaelic and the whole of the English are by the late Mr Ewen Maclachlan.

AN RIBHINN DONN.

THE HIGHLAND MAID.



'S i 's aotruim' ceum, 's is dearrsaich' suil,
'S a gair tha caomh is caoimhneil,
'S a guth tha dhomhs' mar sholas ciuil
'S mi falbh nan stuc 's an oidhche.

A ciabhan fainneach 's aillidh sgeimh
'S a braighe 's gle-gheal boidheach,
Fo osna cleibh ag eiridh seimh
Mar fhaoillinn bhain air Lochaidh.

A cridhe aobhach 's aotrom sunnd,
Mar mhang air surd an reidhlein,
Ach caomh is tlath mar bhlath fo dhruchd,
'S fo mhaise chiuin a Cheitein.

Ged gheibhinn lu-chuirt 's crun an Righ,
A d' iunnais dhiobhrainn coir orr';
'S tu bhean 's a bhan-righ bheirinn leam
Gu tamh aig bonn nam mor-bheann.

Her step is light, her eye is bright,
Her smile is sweet and tender,
Her voice, like music heard at night,
Oft cheers me to remember.

Her hair around her shoulders flows
With graceful waving motion,
Her snow-white bosom heaving goes
Like sea-gull on the ocean.

Her heart, though light, is ever true,
Of nature's own adorning;
Her lips, like roses wet with dew,
Upon a summer morning.

Though in a palace I had been,
With wealth and honour laden,
I'd rather live with thee, my queen,
My own sweet Highland maiden.

Gaelic words by Rev. A. M'Intyre; translation by Henry Whyte.

THROD MO BHEAN.

MY WIFE HAS SCOLDED ME.



"Dh-fhag thu mise 'n cas gu leor
Leis a ghradh a thug thu 'n phoit,
'S cha-n aithreach leat mar tha mo sheol,
Ged tha mi bronach, bochduinneach.
O, throd mo bhean, &c.

Dh-ol thu, mhoisein, dh-ol thu bho
Bha 'gar beathachadh gach lo—
'S gur math mur ol thu phaidhir bhrog
A th' air do spogan rosadach.
O, throd mo bhean, &c.

Clos cha-n fhaigh mi feadh na h-oich',
'S mi 'nam chruban, lan de dh-oillt
Gun tachdar thu, le d' bhruchdail roic,
'S tu air do shoichd 's an ospadaich.
O, throd mo bhean, &c.

Och nan och! gur mis' tha truagh:
B' fhearr gun robh mi anns an uaigh,
Na bhi posda riut, a thruail,
A dhuine shuaraich, shocharaich!"
O, throd mo bhean, &c.

"Your drunken ways have brought me low,
The helpless love of drink you show,
You do not care a straw although
You know I'm brought to poverty."
My wife, &c.

"You've drunk, you brute, you've drunk the cow
That kept us all in food till now,
"Twill be a miracle I trow,
If you don't drink the brogues you wear."
My wife, &c.

"I never can get rest at night,
But crouch beside you full of fright,
You groan and snore with all your might,
And gasp and choke and snore again."
My wife, &c.

"Och nan och! how much I rue
That I should wed a thing like you,
I would prefer, indeed I do,
Beneath the churchyard mould to be."
My wife, &c.

Gaelic words said to be by John Dingwall; translation by L. Macbean.

THEID SINN.

We'll go, We'll go.

Key D.

Chorus.





Fine.







D. C.



Gu-n toir sinn cuairt, a rithist do'n taobh-tuath,
Is theid sinn ruaig do Dhornoch ;
Is chi sinn Droit-an-aigh,
Is fa comhair air gach taoibh,
Na caistealan, na pairean 's na lointean.
O, theid sinn, &c.

Is chi sinn an caol, air 'm faca sinn, le gaoith,
Na bataichean aotrom seoladh ;
Is chi sinn na beanntan,
A gleidheadh sneachd 's an t-samhradh,
Is chi sinn na h-aimhnichean boidheach.
O, theid sinn, &c.

Is chi sinn na glinn, mu'n ait' 's an d'rugadh sinn
'S am bitheadh sinn aotrom gorach ;
Is chi sinn na coilltean,
Le aighear is toil-inntinn
'S am bitheadh sinn a cluinntinn a smeorach,
O, theid sinn, &c.

We'll see each ben and bonnie, bonnie glen,
And come again to Dornoch,
We'll see the well-known ridges,
And where the famous Bridge is,
With castles and green plains before it.
We'll go, &c.

The Firth we'll see, where the ships used to be.
When th' outer sea was stormy,
The high snow-capped mountains,
The waterfalls and fountains,
And streams from the mountain-side pouring.
We'll go, &c.

We'll see the wood, in silent solitude ;
The vale that we were born in ;
We'll see the bonnie brae,
And the dells we used to play in,
In childhood's gay young morning.
We'll go, &c.

Gaelic words by the late John Munro, Glasgow ; translation by L. Macbean.

ORAN IRTEACH.

St. Kilda Song.

Key C.



Chorus.



Anns an tir 'sam bheil mo leannan, O,
Tir nam beann, nan gleann 's nam bealaichean.
Boch oirinn O, &c.

'Mong the dells where dwells my dearie O,
Land of bens and glens so cheery O.
Boch oreeng O, &c.

Tir nam beann, nan gleann 's nam bealaichean,
Eoin air geig is feidh 's an langanaich.
Boch oirinn O, &c.

Land of bens and glens so cheery O,
Where gay birds and herds of deer are seen.
Boch oreeng O, &c.

Eoin air geig is feidh 's an langanaich
Far am biodh na h-uaislean do'n dual a bhi barrasach.
Boch oirinn O, &c.

Where gay birds and herds of deer are seen,
Land which bore of yore such fearless men.
Boch oreeng O, &c.

Far am biodh na h-uaislean do'n dual a bhi barrasach ;
Rachadh do'n bhlar 'n coinneamh namhad mar dhealanach.
Boch oirinn O, &c.

Land which bore of yore such fearless men,
Which could show the foe such heroes then.
Boch oreeng O, &c.

Rachadh do'n bhlar 'n coinneamh namhad mar dhealanach ;
Bha mo leannan fhein ann 's gur beusach fearail e.
Boch oirinn O, &c.

Which could show the foe such heroes then,
And which reared him that I weary for.
Boch oreeng O, &c.

Bha mo leannan fhein ann 's gur beusach fearail e.
'S truagh nach mi bha seoladh thairis leat.
Boch oirinn O, &c.

And which reared him that I weary for,
O, that there I were to steer with thee.
Boch oreeng O, &c.

Fragment of an old song ; translation by L. Macbean.

A DHOMHUILL BHIG, O HU, O HO!

My Little Donald.

Key G. *Moderato.*



Dh' fhag mi 'n nochd thu measg nan du-Ghall,
Ghabh mi fath nuair bha do chul rium ;
'S cinnteach leam gu'n dean thu 'm iunndrainn,
Mu'n tig duiseal cadail ort.
A Dhomhuill bhig, &c.

Dh' fhag mi 'n diugh thu fein 's do mhathair
As mo dheigh ro chianail craiteach,
Cruadhs na bliadhna 's cha 'ne 'n t-ailghios,
Chuir an traths do Shasunn mi.
A Dhomhuill bhig, &c.

Ach ged tha mi bochd 'n am chrannchur,
'S beag na th' agam fhein de fharmad
Ris na fleasgaich sheasga, bharr-chruaidh,
Ged robh sealbh air fearann ac'.
A Dhomhuill bhig, &c.

Fhad 's a gheibh mi biadh is aodach
'S comunn blath mo cheile ghaoil,
Le fiurain oga fas ri taobh,
Cha chuir an saoghal smalan orm.
A Dhomhuill bhig, &c.

When I slipt away this evening,
I was sorry to deceive thee ;
Ere thou goest to sleep 't will grieve thee,
That I'd leave thee playing there.
My little Donald, &c.

I have left thee with thy mother,
Sadly left you both together,
The hard fate that sent me hither,
Left no other way for me.
My little Donald, &c.

But however hard my fate is,
I don't envy any mateless,
Loveless-loon whate'er his state is,
Howe'er great or gay he be.
My little Donald, &c.

Need I care what may betide me,
While my wants are all provided,
With my loving wife beside me,
And my tidy Donald too?
My little Donald, &c.

Composed by D. M'Phail, Glasgow ; translation by L. Macbean.

MO RUN GEAL, DILEAS.

My Faithful Fair One.

Key E flat. *Slowly, with expression.*

(.d :m .s	d' :r' .d' :t .l	s :m .d :m .s	d' :r' .d' :t .s	l :—.
(Mo run geal	di - leas, di - leas,	di - leas, Mo run geal,	di - leas, nach till thu	nall?
My faithful	fair one, my own, my	rare one, Return my	fair one, O hear my	cry!

(.t :d' .f	m :s .m :r .d	r :m .s :d' .l	s :m .d :r .r	d :—.
(Cha till mi	fein, a' ghaol, cha'n	fhaod mi Oir tha mo	ghaol-sa 'na laidhe	tinn.
For thee, my	maiden, I'm sorrow	laden, Without my	fair one I'll pine and	die.

Is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn,
A shnamhadh aotrom air bharr nan tonn,
A's bheirinn sgriobag do 'n eilean Ileach,
Far bheil an ribhinn dh' fhag m' inntinn trom.
Mo run geal, &c.

Is truagh nach robh mi 's mo rogha ceile,
Air mullach shleibhte nam beanntan mor,
'S gu'n bhi ga 'r n-eisdeachd ach eoin an t-sleibhe,
'S gu'n tugainn fein di na ceudan pog.
Mo run geal, &c.

Thug mi corr agus naoi miosan,
Anns na h-Innsean a b' fhaide thall ;
'S bean boidh'chead d' aodainn cha robh ri fhaotainn,
'S ged gheobhainn saor iad cha 'n fhanainn ann.
Mo run geal, &c.

Thug mi mios ann am fiabhrus claoidhte,
Gun duil rium oidhche gu'm bithinn beo ;
B'e fath mo smaointinn a la 's a dh-oidhche
Gu'm faighinn faochadh a's tu bhi 'm choir.
Mo run geal, &c.

Cha bhi mi 'strith ris a chraoibh nach lub leam,
Ged chinneadh ubhlan air bharr gach geig ;
Mo shoraidh slan leat ma rinn thu m' fhagail,
Cha d' thainig traigh gun mhuir-lan 'n a deigh.
Mo run geal, &c.

Oh, could I be, love, in form of sea gull,
That sails so freely upon the sea,
I'd visit Islay, for there abiding,
Is that sweet kind one I pine to see.
My faithful fair one, &c.

Oh, could we wander, where streams meander,
I'd ask no grandeur from foreign clime ;
Where birds would cheer us, and none would hear us,
I'd kiss my dear one and call her mine.
My faithful fair one, &c.

In foreign regions, I lived a season,
And none could see there with thee to vie,
Thy form so slender, thy words so tender,
I will remember until I die.
My faithful fair one, &c.

In fevered anguish, when left to languish,
No human language my thoughts could tell,
I thought, my dearie, if thou wert near me
To soothe and cheer me, I'd soon be well.
My faithful fair one, &c.

I won't contend with a tree that bends not,
Tho' on its tendrils rich fruits should grow,
If thou forsake me I won't upbraid thee,
The greatest ebb-tide brings fullest flow.
My faithful fair one, &c.

Author unknown ; translation by H. Whyte.

CHA BHI MI GA D' CHAOIDH.

I'LL SORROW NO MORE.

Key B Flat. *Beating twice in the measure.*



Thoir an t-soraidh, ceud soraidh, thoir an t-soraidh so uam,
A nunn thun nam porta thar osnaich a chuain,
Far an d'fhag mi mo leannan, caol-mhala gun ghruaim
'S gur cubhraidh' leam d'anail na'n caineal 'ga bhuain,
Ho ro, cha bhi, &c.

'S nuair rainig mi 'n cladach bha m'aigne fo phramh
A cumha na maighdinn is caoimhneile gradh,
'S 'n uair ghabh mi mo chead di air feasgar Dimairt,
Gu'n deach mi 'n tigh-osda a dh-ol a deoch-slaint'.
Ho ro, cha bhi, &c.

'S e so an treas turas dhomh fhein a bhi falbh,
A dh-ionnsaidh na luinge, le sgiobair gun chearb,
Le comhlan math ghillean nach tilleadh roimh stoirm;
'S na'm biodh agam botal gu'n cosdainn sud oirbh!
Ho ro, cha bhi, &c.

Ged theid mi'n bhal-danns' cha bhi sannt agam dha,
Cha 'n fhaic mi te ann a ni samhladh do m'ghradh;
Nuair dhireas mi'n gleann bi'dh mi sealltainn an aird,
Ri duthaich nam beann, 's a bheil m'annsachd a tamh.
Ho ro, cha bhi, &c.

Mar dhealbha na peucaig, tha'n te tha mi sealg,
'S nuair chi mi an te sin tha m'eibhneas air falbh;
Mar ros air a mheangan, tha 'n ainnir 'n a dealbh,
'S ged sgaineadh mo chridhe, cha'n innis mi h-ainm.
Ho ro, cha bhi, &c.

Oh, bear ye my greetings to her that I prize;
Far over the ocean between us that lies,
Her neatly arched eyebrows, unshaded by gloom.,
And breath like the fragrance of roses in bloom.
For thee, my sweet maiden, &c.

When lately we parted, how sad the farewell!
Our words were but few, but our thoughts who can tell?
When lost to my vision afar on the brine,
I drank thee success in a goblet of wine.
For thee, my sweet maiden, &c.

Three times have I crossed to the ship as she lay,
Becalmed on the breast of the silvery bay;
My crew are the bravest that handle an oar,
They fear not the tempest, but laugh at its roar.
For thee, my sweet maiden, &c.

No ball-room can tempt me, or raise my despair,
There is none in the dance that with thee could compare;
When climbing the mountain I gaze o'er the tide,
To the land where my fair one has gone to reside.
For thee, my sweet maiden, &c.

Not the peacock such beauty and gracefulness shows,
As the maiden whose presence would banish my woes;
She's fair as the lily, and sweet as the rose,
And nothing can tempt me her name to disclose.
For thee, my sweet maiden, &c.

Gaelic words attributed to Dr Maclachlan, Rahoy; English by Henry Whyte.

GUR MOCH RINN MI DUSGADH.

I EARLY AWOKE.

Key D. *With expression.*



A direadh an aonaich ri aodann a chuiru,
'S binn torman a chaochain is aoibheile buirn ;
Le rois air gach taobh dheth ag aomadh fo'n druchd,
'S e ri dearrsadh na greine ag eiridh na smuid.

'S binn na h-eoin feadh nam preasan gu leadara seinn,
Tha 'n uiseag lan solais ri ceol os mo chionn ;
Na ba-laoigh anns a gheumnaich air an reidhlein ud thall
'S mac-talla nan creagan 'g am freagairt air ball.

'S aluinn trusgan a ghlinne suas gu binnein nan stuchd,
'S cubhraidh boltrach nan luibhean 'n am chuimnein mar thuis ;
Ged 's boidheach gach doire anns a choillidh 's a bhruchd,
Ged tha 'm barrach cho urail cha dnisg e mo shunnd.

An so air faobhar a mhullaich gur mulladach mi,
C'eann aobhair no thuraidh leam gu'r duilich ri inns' ;
Nach dirich mi tuille ri monadh 'san tir,
Nach dean mi cuis-ghaire 'n gleann aillidh mo chridh'.

Cha 'n 'eil gleannan cho aoibheil ri fhaotainn mu 'n cuairt,
Le d' bheanntainean arda cuir sgath ort o'n Tuath ;
Ann an dudlachd a gheamhraidh gun ghreann ort, gun fhuachd,
Mo sgaradh 's mo chradh lot a bhi d' fhagail cho luath.

Ach 's tiom dhomh bhi 'g eiridh, 's bhi tearnadh o 'n aird ;
Cha dean luinneagan feum dhomh, cha dean eigheach dhomh stath,
Fench am bata fo comhdach aig comhnard na traigh,
Tha gu m' ghiulan null thairis a gleannan an aigh.

Bheir mi suil thar a bhealaich air na beannta, mu 'n cuairt,
So an sealladh mu dheireadh air gach gleannan a 's bruach ;
Fagail leibh beannachd, 'n am dealachaidh uaibh,
A tearnadh an aonaich 's iad mo smuaintean tha truagh.

As I climb up the moor on the face of the hill,
How pleasant the murmur that comes from the rill ;
The dew on the roses which border the stream
Arises in mist on the sun's morning beam.

O, sweet is the song of the birds from the glade ;
The thrush sings her carol of joy overhead ;
The cattle are lowing on yonder green plain,
And echo replies from the craggan again.

How lovely the garment of mountain and field,
How sweet is the fragrance the meadow flowers yield—
Though beauty and gladness deck forest and lea,
And the groves teem with joy, there is no joy for me.

Alone and sad-hearted, I sit on the peak,
Of the cause of my sorrow I scarcely can speak—
I never may tread on the moorlands again,
Nor roam with delight in my dearly loved glen.

No valley so cheerful and fair could be found,
So carefully guarded by mountains around ;
In winter, no tempest can enter thy dell—
My sorrowful doom is to bid thee farewell.

But it's time to descend from the mountain again
No singing or sighing can banish my pain ;
See, down by the shore is the boat under sail
Which shall bear me away from the beautiful vale.

I'll gaze from this ridge on the mountains, and view
For the last time each corrie and valley I knew ;
I leave you my blessing since I must depart,
I turn down the mountain, and sad is my heart.

The composition of the late Dr Maclachan, Rahoy ; translation by L. Macbean.

FEAR A BHATA.

THE BOATMAN.

Key E flat. *Slowly.*

(. r) : r .,m	f : d¹ .,l : l,s . f	m : m,s.(l) : l .,s	r : d . r : m .,r	r,d.— : l,
'Stric mi	seallduinn o'n chnoc a's	air - de, Dh'fheuch am	faic mi fear a	bhà - ta,
I climb the mountains, and scan the	o - cean For thee, my boatman, with fond de -	vo - tion,
Seisd.—Fhir a	bhà - ta, na ho - ro	ei - le,	Fhir a	bhà - ta, na ho - ro	ei - le,
Chorus.—O, my	boatman, na ho - ro	ai - la,	O, my	boatman, na ho - ro	ai - la,

D. C. for Chorus.

(. r) : r .,m	f : s . f : m . r	f : s .,(s) : l . d¹	r¹ : d¹ . l : l,s .m	r : r .
An tig thu'n	diugh no an tig thu	maireach? 'S mar tig thu	i - dir gur truagh a	ta mi!
When shall I	see thee? to-day? to -	morrow? Oh! do not	leave me in lonely	sor - row.
Fhir a	bhà - ta, na ho - ro	ei - le,	Gu ma	slan duit's gach ait' an	teid thu!
O, my	boatman, na ho - ro	ai - la,	Happy	be thou where'er thou	sail - est!

Tha mo chridhe-sa briste, brùite ;
'S tric na deoir a ruith o m' shùilean ;
An tig thu nochd, na 'm bi mo dhùil rint ?
Na 'n dùin mi 'n dorus, le osna thursaich ?
Fhir a bhata, na horo eile, &c.

'S tric mi foighneachd de luchd nam bàta,
Am fac iad thù, na 'm bheil thu sàbhailt :
Ach 's ann a tha gach aon diubh 'g ràite,
Gur gòrach mi, ma thug mi gràdh dhuit.
Fhir a bhata, na horo eile, &c.

Gheall mo leannan domh gùn dhe 'n t-sioda,
Gheall e sid agus breacan riomhach ;
Fain òir anns am faicinn iomhaigh ;
Ach 's eagal leam gun dean e dì-chuimhn'.
Fhir a bhata, na horo eile, &c.

Ged a thuirt iad gu'n robh thu aotrom,
Cha do lughadaich sid mo ghaol ort ;
Bi'dh tu m' aisling anns an òidhche,
A's anns a mhadainn bi'dh mi ga d'fhoighneachd.
Fhir a bhata, na horo eile, &c.

Thug mi gaol duit 's cha 'n fhaod mi àicheadh ;
Cha ghaol bliadhna, 's cha ghaol ràidhe ;
Ach gaol a thòisich 'nuair bha mi 'm phàisde,
'S nach searg a chaoidh, gus an claoidh am bàs mi.
Fhir a bhata, na horo eile, &c.

Tha mo chàirdean gu tric ag innscadh,
Gu'm feum mi d'aogas a chuir air dìchuimhn' ;
Ach tha 'n comhairle dhomh cho diomhain,
'S bhi pilleadh mara 's i tabhairt lionaidh.
Fhir a bhata, na horo eile, &c.

Bi'dh mi tuille gu tùrsach, deurach,
Mar eala bhàn 's i an déigh a reubadh ;
Guileag bàis aic' air lochan feurach,
A's cach uile an deigh a tréigsinn.
Fhir a bhata, na horo eile, &c.

Broken-hearted I droop and languish,
And frequent tears show my bosom's anguish ;
Shall I expect thee to-night to cheer me ?
Or close the door sighing sad and weary ?
O, my boatman, &c.

From passing boatmen I'd fain discover
If they have heard of or seen my lover ;
They never tell me—I'm only chided,
And told my heart has been sore misguided.
O, my boatman, &c.

My lover promised to bring his lady
A silken gown and a tartan plaidie,
A ring of gold which would show his semblance,
But, ah ! I fear me for his remembrance.
O, my boatman, &c.

That thou'rt a rover my friends have told me,
But not the less to my heart I hold thee ;
And every night in my dreams I see thee,
And still at dawn will the vision flee me.
O, my boatman, &c.

I may not hide it—my heart's devotion
Is not a season's brief emotion ;
Thy love in childhood began to seize me,
And ne'er shall fade until death release me.
O, my boatman, &c.

My friends oft tell me that I must sever
All thought of thee from my heart forever ;
Their words are idle—my passion's swelling,
Untamed as ocean, can brook no quelling.
O, my boatman, &c.

My heart is weary with ceaseless wailing,
Like wounded swan when her strength is failing,
Her notes of anguish the lake awaken,
By all her comrades at last forsaken.
O, my boatman, &c.

Authoress unknown ; translation by L. Macbean.

The most Popular Highland Music for Pianoforte.

THE INVERNESS COLLECTION

OF

Pibrochs, Laments, Quicksteps, Marches.

BOOK I., SIXTH EDITION, Price 2s 6d Nett.

CONTENTS.

Inverness Gathering
Quickstep Highland March
Gillie Callum
Pibroch
Pipe March, Lochiel's away to France
Pibroch
Pibroch
Hills of Glenorchy
Highland Brigade at Waterloo
Athole Gathering
Mackenzie's Farewell to Sutherland
Highland Laddie
Pipe Air
A Highland Lament
Athole Highlander's March
Johnnie Cope
Culloden Moor
Pibroch of Donald Dhu
Lament
Hills of Glenorchy (second set)
Hoop her and gird her
Pibroch
Killiecrankie
Follow her over the Border
Glengarry's March
A Highland Boat Song
A Skye Air
Mackintosh's Lament
The Gen's Mine
Macpherson's Lament

BOOK II., FOURTH EDITION, Price 2s 6d Nett.

CONTENTS.

She rose and let me in
Oran Gaoil
A Gaelic Air
Gu ma slan a chi mi
'S tu mo Luaidh na 'm faidhinn
Mo gradh fo leon
The Marchioness of Tweeddale's delight
O'er the water to Charlie
Bonnie Strathmore
Mrs Captain Munro's Favourite
The Harriet Pibroch
Lord Breadalbane's March
Mrs Macdonald
Oran Mulad
A thousand blessings on the lovely youth
Open the door, Lord Gregory
March of the 92d Highlanders
Mr Charles Graham's Welcome Home
A Gaelic Air
Robaidh Dona Gorach
Dornoch Links
Princess Royal's Birthday
Wha'll be King but Charlie
The last Measure Prince Charlie danced with Flora Macdonald
War Call of the Clans
Callum siar glas
John Anderson's auldest daughter
Macrae's March (A.D. 1491)
A St Kilda Air
A Gaelic Air
An Raoir Bhrudair mi 'm chadul
Sir Norman Macleod's Lament
Ladhomh 's mi direadh Bealaich
Och o ro u
Macgregor of Rora's Lament
Laoidh ad Amadain Mhoir
Rinn M'eudail mo Mealladh
'Sfhuich an oidche nochg's gur fuar i
Caidil gu lo (Sleep on till day)

BOOK III., SECOND EDITION, Price, 2s 6d Nett.

CONTENTS.

Lord Lovat's Welcome
The Barren Rocks of Aden
General Highland Gathering for the Battle
Siege of Sebastopol
Mackinnon's Lament
Marchioness of Tullybardine's March
March of the North Fencibles
I love a bonny lass
The Clans Grand March
The Campbells are coming
Aberdeenshire Regiment's March
Pibroch of Inverness
Lament for the dead on the Battlefield
Glengarry
Lord Lovat's Lament
The Smith's a gallant fireman
Caledonian March, or March of the Die Hards
79th's Farewell to Gibraltar
Highland Troop
Delvin Side
Dr Norman Macleod's Lament
Cabar Feidh
Lament of Flora Macdonald
March of the Macdonalds
Mary Macleod's Cronan
Cameronians Farewell to Gibraltar
Mackinnon's March
Gillie a Drover
Daft Donald

The Three Books Complete, handsomely bound in Cloth, gilt edges and gilt lettered, Price 7s 6d nett.

LOGAN & COMPANY,

59 Church Street, Inverness; 2 Union Place, Aberdeen;

62 HIGH STREET, ELGIN.

POPULAR HIGHLAND MUSIC

Fourth Edition Captain FRASER of Knockie's

AIRS AND MELODIES

OF

THE HIGHLANDS AND ISLANDS OF SCOTLAND,

ARRANGED FOR THE VIOLIN OR PIANOFORTE,

In Four Parts, Paper Covers, Price 2/6 nett each. The above bound in Cloth, gilt edges and gilt letter, price 12/6 nett. Extra Edition, bound in Silk Tartan, gilt lettered and gilt edges, Price 21/- nett.

HIGHLAND AIRS AND QUICKSTEPS

Arranged for the Pianoforte by J. F. MORISON.

Books 1 and 2, price 2/- nett each, containing a Selection of West Highland Airs never before published.

HIGHLAND DAY DREAMS,

Six Reveries, arranged for the Pianoforte by E. G. BERT.

No. 1, CAWDOR | No. 2, FOYERS | No. 3, IONA | No. 4, DUNROBIN
No. 5, LINN OF DEE | No. 6, THE MONASTERY

Beautifully Illustrated with Photographs. Price 2/- nett each.

W. S. ROCKSTRO'S

LAYS OF THE GAEL,

Fantasy on the Gaelic Airs—Gu ma slan a chi mi (Oh, happy may I see thee), Gabhaid sinn an rathad mor (We will take the High Way).

Arranged for Pianoforte Solo. Price 2/- nett.

LAYS OF THE HIGHLANDS,

Fantasy, introducing the Favourite Gaelic Airs—Ho ro mo nigheann Boidheach (My Nut-Brown Maiden), and Is toigh leam a Ghaidhealtachd (I love the Highlands).

Price - - - 2/- nett.

PUBLISHERS—

LOGAN & CO., Inverness, Aberdeen, and Elgin.